

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Faclan airson ‘uisge’

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh’s “Letter to Gaelic Learners” on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal’s hour-long learning zone, following the Gaelic Learners’ programme ‘SpeakGaelic Extra’, with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,202. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 898 corresponds to Litir 1,202. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Dè am prìomh fhacal a th’ ann airson *water* ann an Gàidhlig Dhùthaich MhicAoidh – ann am fìor cheann a tuath na h-Alba? Nan canadh sibh *uisge*, bhiodh sibh ceàrr. Ged a thuigeas na daoine am facal *uisg*, ’s e am prìomh fhacal a th’ aca airson *water* – *bùrn*. Chan ann a-mhàin ann an Leòdhas agus Na Hearadh a chluinneas sibh *bùrn* ach ann an cuid de dh’àiteachan air tìr-mòr cuideachd.

Tha faclair air mo bheulaibh an-dràsta – Gàidhlig Dhùthaich MhicAoidh leis an sgoilear dhualchainntean, Seumas Grannd. Airson ‘did you drink the water?’, tha ***an d’ òl thu am bùrn?*** Airson ‘a drink of water’, tha *deoch de bhùrn*.

Nas fhaide deas ann an sgìre Gheàrrloch, ’s e *uisge* am facal cumanta airson *water*. Ach nochdaidh *bùrn* cuideachd gu h-àraidh anns an t-Srath ann an Geàrrloch. An sin, cha bhi *bùrn* a’ seasamh airson an uisge a thuiteas às an adhar. Anns an fhaclair mhòr aige mu dhualchainnt Gheàrrloch, tha am faclairiche Roy Wentworth a’ toirt na h-abairt seo dhuinn: *Cha chanadh sinn ‘bùrn’ ri uisg’ an adhair idir ‘we would never call rain ‘bùrn’*.

Chan eil e co-ionann ann an Dùthaich MhicAoidh, ge-tà. Anns na h-abairtean co-cheangailte ri *rain* anns an fhaclair aig Seumas Grannd, tha seo: tha e a’ bùrn ‘*it’s raining*’; tha e a’ dul do bhùrn ‘*it’s going to rain*’; bùrn mìn no smùid de bhùrn ‘*drizzle*’; bùrn aotrom ‘*light rain*’; bùrn dubh ‘*torrential rain*’; **bùrn nan seachd siantan** ‘*driving rain*’.

Tha an Litir gu bhith rudeigin uisgeach no bùrnach an-diugh. Tha mi airson sùil a thoirt air faclan is abairtean co-cheangailte ri uisge.

Anns an t-seann Ghàidhlig, bha am facal *dobhar* ann. Tha sin ceangailte ris an fhacal Chuimreach *dŵr* airson uisge. Chan eil *dobhar* beò ann an cainnt làitheil nan Gàidheal an-diugh ach tha e ann an ainmean-àite agus ann am faclan co-cheangailte ri nàdar. Tha mi a’ smaoinichadh air *dobhar-chù* airson *otter* agus *dobhar-lus* airson *watercress*.

Ann an cuid de sgìrean tha uisge cuideachd a’ ciallachadh ‘abhainn’. Canaidh sinn Uisge Spè airson [*the*] *River Spey* agus Uisge Tatha airson [*the*] *River Tay*. Agus bidh sinn a’ cleachdadh ‘uisge’ uaireannan airson *freshwater*. Canaidh sinn ‘loch-uisge’ airson *freshwater loch* agus ‘loch-mara’ airson *sea loch*. Ma tha sinn airson a bhith uile-gu-lèir soilleir gur e *freshwater* a th’ ann, canaidh sinn *fìor-uisge*. Loch fìor-uisge ‘*a freshwater loch*’.

Tha faclan eadar-dhealaichte againn airson *seawater* no *salt water* - 's e sin sàl. Tha Seumas air sàl '*James is at sea*'. Tha am bàta a' leum thar an t-sàl '*the boat is skipping over the sea*'. Ach cluinnidh sibh 'uisge' cuideachd ann an co-cheangal ris a' mhuir – leithid *uisgeachan Bhreatainn* '*British waters*' no *uisgeachan Iapain* '*Japanese waters*'.

Aig an àm seo dhen bhliadhna, bidh sinn gu tric a' bruidhinn mu dheidhinn 'watering', a' cur uisge air lusan. A bheil gnìomhair ann airson *watering* ann an Gàidhlig? Tha. *Uisgich* no *uisgeachadh*. Uisgich na flùraichean! '*water the plants!*'. Tha mi ag uisgeachadh nan craobhan '*I'm watering the trees*'. Tha siostam uisgeachaidh agam anns a' ghàrradh. A bheil a leithid agaibh fhèin?

* * * * *

Faclan na Litreach: Dùthaich MhicAoidh: *the land of Mackay (North Sutherland)*; cumanta: *common*; faclairiche: *lexicographer*; co-ionann: *equal, equivalent*; uisgeach, bùrnach: *watery*; Cuimreach: *Welsh*; dh'fhaodamaid: *we could*; gnìomhair: *verb*.

Abairtean na Litreach: fìor cheann a tuath na h-Alba: *the far north of Scotland*; nan canadh sibh X, bhiodh sibh ceàrr: *if you said X, you'd be wrong*; chan ann a-mhàin ann an Leòdhas agus Na Hearadh a chluinneas sibh: *it's not only in Lewis and Harris that you hear*; air mo bheulaibh: *in front of me*; an sgoilear dhualchainntean, Seumas Grand: *the dialect scholar, Seumas Grant*; nas fhaide deas ann an sgìre Gheàrrloch: *further south in the Gairloch area*; a' seasamh airson an uisge a thuiteas às an adhar: *standing for the water that falls from the sky*; chan eil dobhar beò ann an cainnt làitheil nan Gàidheal an-diugh: *dobhar is not alive in Gaelic vernacular today*; tha e ann an ainmean-àite agus ann am faclan co-cheangailte ri nàdar: *it is in place-names and in words connected to nature*; ma tha sinn airson a bhith uile-gu-lèir soilleir: *if we want to be entirely clear*; aig an àm seo dhen bhliadhna, bidh sinn gu tric a' bruidhinn mu dheidhinn: *at this time of year, we often talk about*; tha siostam uisgeachaidh agam anns a' ghàrradh: *I have a watering system in the garden*; a bheil a leithid agaibh fhèin?: *do you have the same sort of thing?*

Puing-chànain na Litreach: an d' òl thu am bùrn?: *did you drink the water? You might have been taught that the 'correct' form of this structure is an do dh'òl thu am bùrn? but dialectally the do dh' can be replaced by d' (e.g. in Sutherland and Ross). This happens in front of the past tense form of a verb that starts with a vowel or a (silent) lenited 'f' e.g. an d' fhairich thu a' chuthag? 'did you hear the cuckoo?*

Gnàthas-cainnt na Litreach: bùrn nan seachd siantan '*driving rain*'. In other dialects, the same expression is uisge nan seachd sian '*the rain of the seven elements*'.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA